

**Cunntas Obrach: Manaidsear Leasachadh nan Ealan is Gnìomhachasan Cruthachail Gàidhlig (Làn-ùine)**  
**(Làn-ùine, ùine suidhichte airson dà mhìos dheug an toiseach ach le cothrom gum mair i a rèir maoinachadh)**

**Tuarastal - £30,000 p.a.**

**Adhbhar na Dreuchd:** Togail inbhe nan ealan is gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig, togail maoinachadh 'son na h-obrach, co-òrdanachadh iomairtean co-obrachail, ceanglaichean a neartachadh le com-pàirtichean air feadh na dùthcha is a bhith mar tosgaire 'son nan ealan is gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig.

**DLEASTANASAN ÀRAIDH**

- Rannsachadh a chumail air na tha a' tachairt agus ga thoirt seachad a thaobh nan ealan Gàidhlig, le toraidhean an rannsachaidh gam foillseachadh.
- Co-chomhairle a chumail air feadh na roinne chum dearbhadh nam feumannan sònraichte a thaobh:
  - Prògramadh / leasachadh phròiseactan co-obrachail
  - Taic dha luchd-ealain / taic dha tàlantàn ùra sna h-ealainean Ghàidhlig
  - Taic mu choinneamh nan gnìomhachasan cruthachail dha companaidhean a tha ag obair leis a' Ghàidhlig
  - Taic dha gnothachasan / taic chum tòiseachadh agus leasachadh iomairtean an sàs sna h-ealainean/gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig
  - Preantasan agus greisean-obrach
- Co-òrdanachadh a dhèanamh air Buidheann Stiùiridh, le coinneamh gach ràithe eadar na diofar bhuidhnean com-pàrteachais.
- Tòiseachadh, is cùr air turas, pròiseactan co-obrachail ùra Gàidhlig air feadh diofar seòrsa ealan le inbhe nàiseanta agus eadar-nàiseanta.
- Co-òrdanachadh is cur air dòigh Co-làbhairt nan Ealan Gàidhlig as t-Earrach 2017.
- Cruthachadh làrach-lìn agus fòram airson nan Ealan Gàidhlig air-loidhne, le ìomhaigh agus teachdaireachdean na làraich-lìn gan stèidheachadh.
- Deasachadh ro-innleachd maoinachaidh agus togail airgid airson Lìonra nan Ealan is Gnìomhachasan Cruthachail Gàidhlig agus na h-obrach na lùib; a' gabhail a-steach maoinachadh airson a' Mhanaidseir Leasachaidh fhèin, às dèidh dhan phròiseact phìolat thigheinn gu ceann is mu choinneamh nan diofar gnìomhan air am mineachadh gu h-àrd.
- Obair ann an co-bhuinn ri farsaingeachd bhuidhnean air feadh nan Eilean agus na h-Alba.
- Obair le, agus aithrisean cunbhalach gan cur gu, Buidheann Stiùiridh na Lìonra.
- Sgrùdadh agus tional ga dhèanamh air rannsachadh agus fianais a chuireas taic ris an

**SGILEAN RIATANACH**

*Ionnsachadh/Eòlas*

- Fìleanta ann an sgrìobhadh agus labhairt na Gàidhlig.
- Ceum no eòlas co-ionnan sna h-ealainean no sna gnìomhachasan cruthachail.
- Beatha-obrach a tha air a bhith soirbheachail, gu h-àraidh a thaobh nan ealan Gàidhlig no nan gnìomhachasan cruthachail.
- Eòlas le fianais a thaobh rannsachadh agus leasachadh aig ìre ro-innleachdail.
- Eòlas air cruthachadh, làimhseachadh agus measadh phròiseactan ro-innleachdail.
- Eòlas air làimhseachadh is cumail smachd air bhuidseatan.
- Eòlas air togail airgid.

*Eòlas*

- Eòlas mionaideach air roinn nan ealan Gàidhlig agus nan gnìomhachasan culturail.
- Eòlas is tuigse air cànan, dualchas is cultar nan Gàidheal.
- Eòlas is tuigse air poileasaidh is planaichean an Riaghaltais a thaobh na Gàidhlig.
- Tuigse mu ghnothaichean a thaobh co-ionannachd agus com-pàirteachadh.

*Sgìlean/Comasan*

- Àrd-ìre de sgìlean a thaobh eagrachadh, planadh agus làimhseachadh ùine-obrach.
- Àrd-ìre de sgìlean conaltraidh, labhairt, sgrìobhaidh agus taisbeanaidh a tha subailte is freagarrach dha farsaingeachd seòrsa dhaoine eadar inbhich is clann.
- Sgìlean air cleachdadh choimpiutairean.
- Comasach air obrachadh gu h-èifeachdach ann an co-bhuinn ri daoine taobh a-staigh is a-muigh na buidhne an dòigh com-pàirteachail agus mar sgioba.
- Comasach air obrachadh gu h-èifeachdach leibh fhèin is air

<p>dòigh sa bheil iomairtean agus obair nan Ealan agus Gnìomhachasan Cruthachail Gàidhlig gan dealbhachadh agus libhrigeadh.</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Cothroman gan lorg airson chom-pàirteachasan ro-innleachdail aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.</li><li>• Co-òrdanachadh ga dhèanamh air deasachadh 'son chothroman is maoinachadh ùr chum piseach a thoirt air an roinn.</li><li>• Sgrùdadh agus làimhseachadh buidseat a' phrògram.</li><li>• Measadh agus dearcnachadh gan co-òrdanachadh is libhrigeadh airson a' phrògram.</li><li>• Dèanamh cinnteach gu bheil gach eileamaid dhen obair a rèir Poileasaidh Co-ionannachd Choithroman An Lanntair.</li><li>• Dèanamh cinnteach gu bheil na dleastanasan agus uallaichean gan coileanadh ann an dòigh a tha sàbhailte gus nach bi cunnartan ann a thaobh slàinte is sàbhailteachd an neach-obrach fhèin, luchd-obrach eile no a' phobaill agus dearbhadh gu bheil gach eileamaid den obair a rèir Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd An Lanntair.</li><li>• Coileanadh dleastanasan obrach eile mar a thèid iarraidh.</li></ul>	<p>iomairtean a' tòiseachadh .</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Comasach air stiùireadh agus brosnachadh a thoirt do dhaoine eile.</li></ul> <p><i>Eile</i></p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Dealas mòr a thaobh nan ealan Gàidhlig agus nan gnìomhachasan cruthachail agus air luach na roinne.</li></ul> <p><b>Comharraidhean Mianaichte</b></p> <p>Claradh dearbhaichte de rannsachadh is leasachaidh aig ìre roi-innleachdail.</p>
--	--